

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Uisge-beatha agus Ainmean-àite (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,239. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 935 corresponds to Litir 1,239. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Ann an Litir ochd ceud, fichead 's a trì (823) bha mi ag innse dhuibh mu uisge-beatha a chaidh a dhèanamh thall-thairis fon ainm '*Spey Livet*'. 'S e ainm a bh' ann a **chaidh a chruthachadh** airson margaidheachd, agus coltas Albannach air. Ach 's e an rud a tha iongantach dhomh an uiread de dhiofar sheòrsaichean de dh'uisge-beatha, a bhuineas do dh'Alba, air a bheil ainm rudeigin 'fuadain'. Tha mi a' ciallachadh gu bheil iad coltach ri ainm-àite, ach nach eil a leithid de dh'ainm-àite ann.

Thàinig leabhar inntinneach a-mach an-uiridh. Bha e air a sgrìobhadh le Jacob King agus 's e an t-ainm a th' air '*The A to Z of Whisky Place-Names: Landscape, Language & Invention*'. Tha an t-Ollamh King na eòlaiche air ainmean-àite.

Chan eil fhios a'm cia mheud 'gleann' no 'glen' a th' air mapa na h-Alba. Ach tha an t-uamhas de sheòrsaichean uisge-beatha no taighean-staile anns a bheil am facal *gleann* no *glen* anns an ainm. Chunnt mi ceud, caogad 's a dhà dhiubh anns an leabhar!

'S e dìreach aonan dhiubh anns a bheil dreach Gàidhlig air an fhacal – *Gleann Banbh*. Shaoileadh sibh gur e fìor àite a th' ann. Ach chan e, co-dhiù ann an Alba. 'S e Banbh a' Ghàidhlig airson *Banff* agus tha an t-uisge-beatha seo à Moireibh. Ach ma tha àite ann air a bheil *Gleann Banbh*, 's ann ann an Èirinn a tha e!

Tha *Gleann Banbh* air a dhèanamh ann an taigh-staile Glenfarclas, taobh Uisge Spè. Agus a bheil *Glenfarclas* stèidhichte air ainm-àite fìrinneach? Uill, tha – gu ìre. Faisg air an taigh-staile, tha cnoc air a bheil Tomfarclas mar ainm. 'S e ainm Gàidhlig a th' ann, ach chan eil e soilleir dè tha *farclas* a' ciallachadh.

Thachair cruthachadh-ainmean mar sin iomadach triop. Tha Jacob King a' gabhail '*whisky glen*' air a leithid – far am bithear a' cur an fhacail '*Glen*' ann an co-cheangal ri eileamaidean eile airson ainm 'Gàidhealach' a chruthachadh. Mar eisimpleir, cuideachd taobh Uisge Spè, tha taigh-staile Glenallachie. Buinidh an t-ainm-àite *Allachie* – bhon Ghàidhlig *eileachaidh* – don dearbh sgìre, agus chaidh 'Glen' a chur ris. Tha na staileadairean air abairt-shuaicheantais a chur an cois an uisge-bheatha seo – '*Valley of the Rocks*'. Anns an dòigh sin, tha iad air a bhith dìleas don Ghàidhlig *eileachaidh* a tha a' ciallachadh 'àite creagach'.

Tha *Glen Burgie* rudeigin coltach ri sin. Tha àite ann an Siorrachd Narann air a bheil ‘Burgie’ agus chaidh am facal ‘Glen’ a chur ris airson ainm an uisge-bheatha a chruthachadh.

Ge-tà, tha cuid de dh’ainmean uisge-bheatha ann, a chaidh a chruthachadh buileach glan gun a bhith ceangailte ri ainm-àite. ’S e eisimpleir dhiubh uisge-beatha eile à Moireibh – *Glen Broch*. Tuigidh sibh dè th’ ann am *broch*, ged a bhios am facal cuideachd a’ riochdachadh na Gàidhlig *bruach* ann an ainmean-àite. Shaoileadh daoine gur e àite fìor Albannach a th’ ann an ‘Glen Broch’. Ach tha Jacob King ag innse dhuinn nach eil a leithid de dh’àite ann!

Agus tha *Glen Darbach* ann – **mac na bracha** à taobh Uisge Spè. Chan eil àite sam bith ann an Alba air a bheil ‘Darbach’, ged a nochdas e mar ainm aibhne anns a’ Ghearmailt.

Nach eil fìor ainm-àite a’ nochdadh ann an co-cheangal ri uisge-beatha Albannach? Uill, tha, agus bheir sinn sùil air feadhainn an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: margaidheachd: *marketing*; chunnt: *counted*; à Moireibh: *from Moray*; taigh-staile: *distillery*; iomadach triop: *[on] many occasions*; taobh Uisge Spè: *on Speyside*; dìleas: *loyal*; Siorrachd Narann: *Nairnshire*.

Abairtean na Litreach: an uiread de dhiofar sheòrsaichean de dh’uisge-beatha, a bhuineas do dh’Alba, air a bheil ainm rudeigin ‘fuadain’: *the number of different types of whisky, that belong to Scotland, [but] that have an ‘artificial’ name*; ach nach eil a leithid de dh’ainm-àite ann: *but that there is no such place-name*; chan eil fhios a’m cia mheud: *I don’t know how many*; shaoileadh sibh gur e fìor àite a th’ ann: *you’d think it was a real place*; tha na stailleadairan air abairt-shuaicheantais a chur an cois an uisge-bheatha seo: *the distillers have connected a motto to this whisky*; a chaidh a chruthachadh buileach glan gun a bhith ceangailte ri ainm-àite: *which was created from scratch without being connected to a place-name*; tuigidh sibh dè th’ ann am *broch*: *you’ll know [understand] what a broch is*; ged a bhios am facal cuideachd a’ riochdachadh: *although the word also represents*; ged a nochdas e mar ainm aibhne anns a’ Ghearmailt: *although it appears as a river name in Germany*; nach eil fìor ainm-àite a’ nochdadh ann an co-cheangal ri uisge-beatha Albannach?: *Isn’t there a real place-name connected with a Scottish whisky?*

Puing-chànain na Litreach: **mac na bracha:** *malt whisky*. This rather attractive phrase literally means ‘the son of the malt’ i.e. the direct product of [a single] malting process. If you are offered a dram, with the question, ‘An gabh sibh dram?’ you might say, ‘A bheil mac na bracha agaibh?’ ‘do you have [any] malt whisky?’ Your host will know you have a discerning whisky palate!

Gnàthas-cainnt na Litreach: a chaidh a chruthachadh: *that was created*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA